



Leasan 4: Oifigeach Dubh Bhaile a' Chròthain

Air ath-innse le Seumas Dòmhnallach

Tar-sgrìobhadh

Buinidh an stòiridh seo do Bhàideanach, faisg air Ceann a' Ghiùthsaidh, agus tha i stèidhichte air rud a thachair ann an da-rìribh mu thimcheall air a' bhliadhna 1800.

Bha fear uaireigin a' fuireach ann an àite air an robh Baile a' Chròthain, agus 's e Iain Mac a' Phearsain an t-ainm a bh' air. Bha e na Chaiptean anns an arm Bhreatannach, agus 's e an t-Oifigeach Dubh, no Oifigeach Dubh Bhaile a' Chròthain, a bu trice a bhiodh aig daoine air.

A rèir cuid fhuair e an t-ainm sin air sgàth 's gun robh e dorcha sa chraiceann agus gun robh falt tiugh, dubh air, ach chanadh feadhainn eile gur e fìor dhroch dhuine a bh' ann. Gu dearbha, bha e air a ràdh gun robh e fo bhuidh chumhachdan an Dorchadais agus gun robh e air e fhèin a reic ris an Droch Spiorad, no an Sàtan.

Nise, bha cogadh a' dol eadar Breatainn agus an Fhraing aig an àm – Cogadh Napoleon a theireadh iad ris – agus bha an t-Oifigeach Dubh air leth dealasach gu bhith a' togail dhaoine dhan an arm, airson a' chogaidh seo.

Anns an latha sin, nan gabhadh tu mar a chanadh iad ris, tastan an rìgh na do làimh, bha sin air fhaicinn mar chomharra agus mar chùmhnannt gun robh thu deònach a bhith san arm, agus gum biodh tu na do shaighdear.

Bha e air a ràdh gur e seo aon de na cleasan a bh' aig an Oifigeach Dhubh airson fir òga a mhealladh dhan an arm. Thachradh e ri fireannach òg agus bheireadh e dha cuireadh gu taigh-seinnse gus drama a ghabhail còmhla ris. Leanadh e le na dramaichean gus am biodh smùid air a' ghille bho chd, agus an uair sin gun fhios dhan a' ghille, chuireadh an Caiptean an tastan ann am pòcaid an fhir òig.

Greiseag às dèidh sin chanadh an t-Oifigeach Dubh: “Seadh ma-thà, tha thu na do shaighdear a-nise.”

“Chan eil mi,” chanadh an gille.

“Ò tha thu,” chanadh an Caiptean. “Ghabh thu airgead an rìgh.”

“Cha do ghabh,” chanadh am fear eile.

“Feuch do phòcaidean ma-thà,” chanadh an Caiptean.

Dhèanadh an gille sin agus bhiodh an tastan na phòcaid. Cha robh aig a' ghille bho chd sin an uair sin ach a dhol dhan an arm.

Cha b' iongnadh ma-thà, gun robh daoine air an oillteachadh ron an Oifigeach Dhubh, agus bhiodh cuid ag ràdh gun tigeadh an Droch Fhear fhèin, an Donas, ga iarraidh uair no uaireigin.

Bha an t-Oifigeach Dubh uabhasach measail air a bhith a' sealg. Bha aon bhothan-seilge air am biodh e a' tadhal ann am Monadh Ghàdhaig; bha sin mu letheach slighe eadar Ceann a' Ghiùthsaidh agus Blàr Athaill. Bhiodh an t-Oifigeach agus cuid dhe a chàirdean a' dol a sin gu math tric, ach gu h-àraid mu àm na Nollaig, agus bhiodh iad uaireannan a-muigh ann fad grunn làithean. 'S e bha sa bhothan seo ach taigh a bha gu math làidir agus air a dheagh chlachaireachd.

A' bhliadhna a bha seo, mu àm na Nollaig, chaidh an t-Oifigeach Dubh agus buidheann dhe a chàirdean a-mach dhan an taigh-sheilge. Bha iad nan suidhe ag òl mu mheadhan-oidhche nuair a thàinig gnogadh chun an dorais. Dh'èirich an t-Oifigeach Dubh a-mach agus dhùin e an doras às a dhèidh. A dh'aindheoin an stoirm, chluinneadh an fheadhainn a bha a-staigh beagan dhen a' chòmhradh a bha a' dol a-muigh. Chluinneadh iad guth a' Chaiptein agus guth aognaidh, neònach eile.

"Is e a-nochd an oidhche," thuirt an srainnsear.

"Chan e a-nochd an oidhche idir," thuirt an t-Oifigeach Dubh, "ach bliadhna bhon a-nochd."

Thill e a-staigh, ach cha tug e guth ri càch air na thachair eadar e fhèin agus an srainnsear.

Chaidh a' bhliadhna sin seachad agus aig àm na Nollaig a-rithist rinn an t-Oifigeach Dubh agus buidheann dhe a chàirdean deiseil airson a dhol a-mach dhan a' bhothan. Bha còignear deiseil airson falbh còmhla ris, ach 's e ceathrar a dh'fhalbh. Bha an còigeamh fear dìreach a' fàgail an taighe nuair a leum an cù aige suas air a bheulaibh agus droch choltas air. Chuir an cù a dhà spòig thoisich air uchd a mhaighstir mar gum biodh e a' feuchainn ri stad a chur air. Thachair an aon rud an dàrna turas, agus an treas turas. Smaoinich an duine gur dòcha gun robh an cù a' feuchainn ri rabhadh a thoirt dha, agus leis an sin dh'fhuirich esan aig an taigh.

Dh'fhalbh càch agus iad an dùil grunn làithean a chur seachad ann am Monadh Ghàdhaig.

Dà oidhche an dèidh dhaibh a dhol ann, thàinig stoirm eagalach de shneachda nach fhacas riamh a leithid anns an àite.

Thàinig Latha na Nollaig ach cha robh sgeul air an fheadhainn a dh'fhalbh. Thòisich muinntir an àite air dragh a ghabhail, agus chaidh aon dhiubh dhan a' bheinn feuch am faigheadh e sgeul air na sealgairean. Nuair a ràinig e Gàdhaig, cha robh sgeul air duine agus cha robh sgeul air a' bhothan. Cha robh ann ach sneachda domhainn. Lorg e bonaid agus adharc-fhùdrais am measg an t-sneachda, ach cha robh sgeul air a' chòrr.

Sgaoil an naidheachd air feadh na coimhearsnachd. An-ath-latha chaidh sgioba de dh'fhir an àite a-mach, agus an dèidh deagh ùine a' cladhach anns an t-sneachda, lorg iad làrach a' bhothain gun aon chlach air fhàgail na seasamh. Fhuair iad àirneis an taighe agus na cuirp thall 's a bhos, le cuid de na cuirp suas ri 500 slat air falbh. Bha iad sin air an droch mhilleadh, le coltas an uabhais air aodann gach fear, agus bha sgreann eagalach fiù 's air na coin-sheilge.

Chruinnich iad na cuirp agus rinn iad deiseil airson an toirt dhachaigh. Bha corp an Oifigich Dhuibh air thoiseach air a' chòrr. Thuirt am fear a bh' air ceann nan daoine: "Falbhamaid ann an ainm an Tighearna." Ach cha robh e gu diofar dè dh'fheuchadh iad, cha ghabhadh corp an Oifigich Dhuibh togail.

An uair sin thuirte seann duine glic a bha nam measg: “Falbhamaid, ma-thà, ann an ainm an fhir dha robh e a’ dèanamh seirbheis. Falbhamaid an ainm an Droch Fhir.”

Thog iad na cuirp agus dh’fhalbh iad leotha gun strì, le corp an Oifigich Dhuibh air thoiseach air na h-uile. Ge-tà, cha robh iad air a dhol fada nuair a dh’atharraich an aimsir, agus bha cur an t-sneachda cho dona ’s gum b’ fheudar dhaibh stad. An uair sin ’s ann a thuirte an seann duine glic: “Cuireamaid corp an Oifigich Dhuibh air deireadh a’ ghiùlain, gus am faic sinn dè thachras an uair sin.”

’S e sin a rinn iad, agus tha e coltach gun do shìolaidh an stoirm gu grad, agus chaidh aca air cumail romhpa. Chaidh na cuirp a thoirt dhachaigh agus a thiodhlacadh.

Agus sin agaibh sgeulachd an Oifigich Dhuibh, no Call Ghàdhaig mar a chanadh cuid ris.